

# Falkirk Council GAELIC LANGUAGE PLAN

## Comhairle na h-Eaglaise Brice PLANA GÀIDHLIG

*This plan has been prepared under Section 3 of  
the Gaelic Language (Scotland) Act 2005*

*Approved by Bòrd na  
Gàidhlig 5th March 2013*

*Tha am plana seo air ullachadh fo  
Earrann 3 de Achd na Gàidhlig  
(Alba) 2005*

*Air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig  
5mh Màrt 2013*



Falkirk Council  
Comhairle na h-Eaglaise Brice

gaelic plan  
gáidhlig plána



## FOREWORD

Falkirk Council is committed to the use and promotion of the Gaelic Language in recognition of its status as one of Scotland's national languages and its unique contribution to the richness and diversity of Scottish culture today. In taking this forward we recognise that our contribution will help to sustain and develop the Gaelic language and its place as an integral part of the Scottish way of life and within the nation's heritage.

Although the Falkirk Council area has not been one of Scotland's traditional Gaelic speaking areas or has a large number of people who speak Gaelic today, the Council will pursue a pragmatic approach in its drive to help the Gaelic language. This will include proposals to enhance the status of Gaelic across the area, promote the acquisition and learning of the language as well as encourage its increased use.

**Mary Pitcaithly**  
**Chief Executive**

## RO-RÀDH

Tha Comhairle na h-Eaglais Brice dealasach a thaobh cleachdadh is adhartachadh na Gàidhlig a chur an gnìomh le tuigse do dh'inbhe a' chànain mar aon de chànanan nàiseanta na h-Alba, agus an neart gun choimeas a tha an cànan a' cur ri saidhbhreas agus iomadachd cultar na h-Alba san latha an-diugh. Ann a bhith a' toirt seo air adhart, tha sinn a' tuigsinn gum bi an cuideachadh againne a' cur ri leasachadh is seasmhachd na Gàidhlig agus ri a h-àite mar phàirt iomlan de dhòigh beatha na h-Alba agus an taobh a-staigh dualchas na dùthcha.

Ged nach eil sgìre na h-Eaglaise Brice air a bhith mar aon de na sgìrean traidiseanta Gàidhlig ann an Alba, no le àireamh mhòr de luchd-labhairt na Gàidhlig san latha an-diugh, bidh a' Chomhairle a' leantainn modh dèantach na dleastanas ann an cuideachadh na Gàidhlig. Bidh seo a' gabhail a-steach mholaidhean a thaobh inbhe na Gàidhlig àrdachadh air feadh na sgìre, togail a' chànain adhartachadh a thuilleadh air barrachd cleachdaidh a bhrosnachadh.

**Màiri Pitcaithly**  
**Ceannard**



## Contents

### Summary

#### Chapter 1 Introduction

- Description of the public authority
- Gaelic in the authority's area of operation
- Approval of our Gaelic Language Plan

#### Chapter 2 Core Commitments

- Identity
- Communications
- Publications
- Staffing

#### Chapter 3 Policy Implications for Gaelic: implementing the National Plan for Gaelic

- Language Acquisition
- Language Usage
- Language Status

#### Chapter 4 Implementation and Monitoring

### Contact Details

## Susbaint

### Geàrr-iomradh

#### Caibideil 1 Cur an Aithne

- Iomradh air an ùghdarras ionadail
- Gàidhlig ann an raon obrachaidh an ùghdarrais
- Aonta don Phlana Gàidhlig againn

#### Caibideil 2 Prìomh Dhealasan

- Ionnanachd
- Conaltraidhean
- Foillseachaidhean
- Sgioba-obrach

#### Caibideil 3 Buaidhean Poileasaidh air Gàidhlig: buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

- Togail Cànain
- Cleachdadh Cànain
- Inbhe Cànain
- Corpas Cànain

#### Caibideil 4 Buileachadh agus Sgrùdadh

### Fiosrachadh taic

## Summary

Falkirk Council recognises that Gaelic is an integral part of Scotland's heritage, national identity and cultural life. Falkirk Council is committed to the objectives set out in the National Plan for Gaelic and will play its part in supporting a sustainable future for Gaelic in Scotland.

Falkirk Council recognises that the position of Gaelic is fragile and if it is to be reinvigorated as a living language in Scotland, a concerted effort on the part of government, the public and private sectors, community organisations and individual speakers is required to:

- *enhance the status of Gaelic;*
- *promote the acquisition and learning of Gaelic;*
- *encourage the increased use of Gaelic.*

This document is Falkirk Council's Gaelic Language Plan prepared within the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It sets out how we will use Gaelic in the operation of our functions and how we will promote and develop Gaelic through taking a pragmatic approach which recognises the area's tradition and use of the language today.

Falkirk Council's Gaelic Language Plan has been prepared in accordance with statutory criteria set out in the 2005 Act, and having regard to the National Plan for Gaelic and the Guidance on the Development of Gaelic Language Plans.

## Geàrr-iomradh

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt iomlan de dhualchas na h-Alba, de ar n-ionannachd nàiseanta agus den bheatha chultarach. Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice dealasach a thaobh nan cinn-uidhe a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus bidh a' Chomhairle dìcheallach a thaobh a dleastanas a choileanadh ann a bhith a' cur taic ri saoghal seasmhach don Ghàidhlig san àm ri teachd.

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice a' tuigsinn nach eil suidheachadh na Gàidhlig ach lag, agus ma tha i gu bhith air a h-ath-nuadhachadh mar chànan beò ann an Alba, tha oidhirp cho-obrachail a dhìth leis an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, agus:

- *inbhe na Gàidhlig àrdachadh;*
- *togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;*
- *nas motha cleachdaidh air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh.*

Is e Plana Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice a th' anns an sgrìobhainn seo, a chaidh ullachadh an taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an coileanadh ar dleastanasan agus mar a dh'adhartacheas agus a leasaicheas sinn Gàidhlig tro dhòighean gnothaicheil a bhios mothachail do thraidisean na sgìre agus do chleachdadh a' chànan san latha an-diugh.

Tha Plana Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice air ullachadh ann an co-rèir ris na slatan-tomhais reachdail a tha air an cur sìos ann an Achd 2005, le spèis do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.



## Structure of the Gaelic Language Plan

The key components of our Gaelic Language Plan are:

### **Chapter 1 – Introduction**

This chapter provides the background and context relating to the preparation of Gaelic Language Plans under the 2005 Act and the structure of Falkirk Council's main areas of operation. It also provides a summary of the demography of the Gaelic language.

### **Chapter 2 – Core Commitments**

This chapter sets out how Falkirk Council will use, and enable the use of Gaelic. It covers key areas of operation such as corporate identity, signage, communication with the public and the use of Gaelic on our website.

### **Chapter 3 – Policy Implications for Gaelic: implementing the National Plan for Gaelic**

This chapter sets out how Falkirk Council will help implement the National Plan for Gaelic. It also shows how we intend promoting the use of Gaelic in service planning and delivery.

### **Chapter 4 – Implementation and Monitoring**

This chapter sets out how the implementation of our Gaelic Language Plan will be taken forward, and how implementation and outcomes will be monitored.

## Structar a' Phlana Ghàidhlig

Is iad prìomh cho-phàirtean a' Phlana Ghàidhlig againn:

### **Caibideil 1 – Cur an aithne**

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh a' chùl-raoin agus an co-theacsa co-cheangailte ri ullachadh Phlanaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar nam prìomh raointean obrach aig Comhairle na h-Eaglaise Brice. Tha e a' solarachadh geàrr-iomradh air eòlas-sluaigh a thaobh cànan na Gàidhlig.

### **Caibideil 2 – Prìomh dhealasan**

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios Comhairle na h-Eaglaise Brice a' cleachdadh agus a' comasachadh cleachdadh na Gàidhlig. Tha e a' còmhachd prìomh raointean obrachaidh leithid ionnannachd chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn.

### **Caibideil 3 – Buaidhean Poileasaidh air a' Ghàidhlig: buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios Comhairle na h-Eaglaise Brice a' cur ri buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha e cuideachd a' taisbeanadh mar a tha dùil againn cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh ann am planadh agus liubhairt sheirbheisean.

### **Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh**

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios buileachadh a' Phlana Ghàidhlig againn air a thoirt air adhart, agus mar a bhios buileachadh agus builean air an sgrùdadh.





## CHAPTER 1 - INTRODUCTION

### **Setting the Context for Developing Gaelic Language Plans**

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and the issuing of a notice:

*The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 was passed by the Scottish Parliament with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.*

One of the key features of the 2005 Act is the provision enabling Bòrd na Gàidhlig to require public bodies to prepare Gaelic Language Plans. This provision was designed to ensure that the public sector in Scotland plays its part in creating a sustainable future for Gaelic by raising its status and profile and creating practical opportunities for its use.

#### **Consultation on a draft Gaelic Plan:**

The 2005 Act requires public bodies to bring the preparation of its Gaelic Language Plan to the attention of all interested parties. Falkirk Council has consulted publicly on the draft of its Gaelic Language Plan and has taken into account representations made to it during the consultation process.

#### **Approval of Falkirk Council's Gaelic Language Plan:**

Falkirk Council's Gaelic Plan will be submitted to Bòrd na Gàidhlig for approval on 30 September, 2012

## CAIBIDEIL 1 – CUR AN AITHNE

### **Stèidheachadh Co-theacsa airson Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig**

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios:

*Chaidh gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionnan ri Beurla.*

B' e aon de phrìomh fheartan na h-Achd 2005, comas a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig gus riatanas a chur air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Bha an t-solar seo air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum bi an roinn phoblach ann an Alba a' coileanadh a dleastanais ann an cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd, le bhith a' togail iomhaigh agus inbhe na Gàidhlig agus a' cruthachadh chothroman seaghach airson a cleachdadh.

#### **Co-chomhairle air Dreach Plana Gàidhlig:**

Tha an Achd 2005 a' cur riatanas air buidhnean poblach an cuid ullachaidh air Plana Gàidhlig a thoirt gu aire phàrtaidhean eile le ùidh. Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice air co-chomhairleachadh gu poblach air dreach a' Phlana Ghàidhlig aca agus air cunntas a thoirt air molaidhean a thugadh dhaibh aig àm a' phròiseis co-chomhairleachaidh.

#### **Aonta do Phlana Gàidhlig na h-Eaglaise Brice:**

Bidh Plana Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice air a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta air 30 Sultain 2012.

## **Overview of the functions of Falkirk Council and the use of Gaelic within our area of operation**

Falkirk Council is a unitary authority which provides all local government services for the Falkirk Council area. Covering 112 square miles, it has a population of 152,480 (2009) and extends from Banknock in the west to Blackness in the east and from South Alloa in the North as far as Limerigg in the south.

The Council Headquarters are located in Falkirk but there are many service points throughout the area. The Council has in the region of 7,000 employees making it the largest employer in the area with an expenditure of £473 million. There are 32 Councillors in 9 wards of 3 or 4 members each in Falkirk Council.

Falkirk Council's aim is to improve the quality of life for local people by working with all communities, sectors and groups to deliver high quality services which are accessible, accountable, responsive and provide value for money.

The Council is developing an effective policy of decentralisation and is committed to consultation and partnership with the community to ensure that high standards of service delivery are achieved and maintained.

Falkirk Council's goals are to:

- **Further develop a thriving, sustainable and vibrant economy;**
- **Continue to improve the health, safety and wellbeing of our citizens and communities;**
- **Increase our efforts to tackle disadvantage and discrimination in all its forms; and**
- **Enhance and sustain an environment in which people want to work, live and visit.**

## **Thar-shealladh air obair Comhairle na h-Eaglaise Brice agus air cleachdadh na Gàidhlig an taobh a-staigh ar raon obraich**

Is e ùghdarras aonadach a th' ann an Comhairle na h-Eaglaise Brice a tha a' solarachadh sheirbheisean an riaghaltais ionadail uile do sgìre Comhairle na h-Eaglaise Brice. A' còmhachadh 112 mìle ceàrnagach, tha àireamh-sluaigh de 152,480 (2009) ann agus tha an sgìre a' leudachadh a-mach bho Bhaile nan Cnoc san taobh an iar gu Bealach Nis san taobh an ear agus bho Allamhagh a Deas sa cheann a tuath cho fada ri Laimirig sa cheann a deas.

Tha Prìomh Oifis na Comhairle stèidhichte san Eaglais Bhric ach tha mòran ionadan seirbheis air feadh na sgìre. Tha suas ri 7,000 neach-obrach aig a' Chomhairle, a' ciallachadh gur iad na fastaichean as motha san sgìre le caiteachas de £473 millean. Tha 32 Comhairlichean ann an 9 roinnean-taghadh le 3 no 4 bhall anns gach roinn de Chomhairle na h-Eaglaise Brice.

Is e amas Comhairle na h-Eaglaise Brice feabhas a thoirt air gnè beatha muinntir na sgìre le bhith ag obair leis na coimhearsnachdan, roinnean agus na buidhnean uile gus seirbheisean àrd-inbheil a liubhairt a tha ruigsinneach, cunntachail, freagairteach agus a' solarachadh luach an airgid.

Tha a' Chomhairle a' leasachadh poileasaidh èifeachdach de sgaoileadh a-mach agus dealasach a thaobh co-chomhairle agus com-pàirteachas leis a' choimhearsnachd, gus dèanamh cinnteach gu bheil inbhean àrda liubhairt air an coileanadh agus air an cumail suas.

Is iad cinn-uidhe Comhairle na h-Eaglaise Brice:

- **Eaconamaidh shoirbheachail, bheòthail sheasmhach a leasachadh gu ìre nas motha;**
- **Leantainn air adhart a' toirt feabhas air slàinte, sàbhailteachd agus sunnd an t-sluaigh agus nan coimhearsnachdan againn;**
- **Ar n-oidhirpean air dèiligeadh leis gach seòrsa anacothrom agus leth-breith a mheudachadh; agus**
- **Àrainneachd àrdachadh agus a chumail suas, sam bi daoine ag iarraidh obair, fuireach agus tadhal.**



In addition, the Corporate Plan recognises the need to ensure we work in a manner that underpins the values of the Council, ie Partnership, Public Service and Performance. We also confirm our commitment to stimulating partnership working amongst agencies, organisations, citizens and communities. We also are working toward achieving the vision for our area as set out in our strategic community plan.

Our aspirations for the area remain high with our vision being:

- *The legacy of our past and the potential of our future are protected.*
- *Our area is at the centre of Scottish life.*
- *Our future is one of the most culturally diverse and distinct areas in Scotland.*
- *Our future has investment in jobs, learning, homes and leisure for all.*
- *Our area is the place to be in the third Millennium.*

The Council has recently approved a community participation strategy and is committed to consultation and partnership with the community to ensure that high standards of service delivery are achieved and maintained.

The Falkirk Council area has strong local communities, each with their own distinctive landmarks, industries, events, achievements and heritage. We had to channel these assets into a cohesive vision, while recognising the individual communities that make up the area. Along with our partners, we agreed that all our activities should have a clear link with and make a positive contribution to promoting and achieving this long-term vision which is captured within the priorities described in our Strategic Community Plan.

A thuilleadh air an sin, tha am Plana Corporra ag aithneachadh an fheum air dèanamh cinnteach gun obraich sinn ann an dòigh a tha na taic do luachan na Comhairle, 's e sin Com-pàirteachas, Seirbheis Poblach agus Coileanadh. Tha sinn a' daingneachadh ar dealais a thaobh a bhith a' spreagadh obair com-pàirteachas am measg bhuidhnean, eagrachaidhean, saoranaich agus coimhearsnachdan. Tha sinn ag obair cuideachd a dh'ionnsaigh coileanadh na lèirsinn airson na sgìre againn, mar a tha air a mhìneachadh nar plana coimhearsnachd ro-innleachdail.

Tha ar rùintean don sgìre againn a' fuireach àrd, le ar lèirsinn:

- *Gu bheil d'ileab an ama a dh'fhalbh agus ar comas san àm ri teachd air an d'ion.*
- *Gu bheil an sgìre againn aig teis-meadhain beatha na h-Alba.*
- *Gum bi sinn san àm ri teachd mar aon de na sgìrean as sònraichte agus as eadar-mheasgte gu cultarach ann an Alba.*
- *Gum bi sinn a' tasgadh ann an obraichean, ionnsachadh, taighean is cur-seachadan do na h-uile san àm ri teachd.*
- *Gur e an sgìre againn an t-àite as còir a bhith san treas Mhìle Bliadhna.*

O chionn ghoirid, tha a' Chomhairle air aonta a chur ri ro-innleachd com-pàirteachais coimhearsnachd agus dealasach a thaobh co-chomhairle agus com-pàirteachas leis a' choimhearsnachd, gus dèanamh cinnteach gu bheil inbhean àrd de liubhairt seirbheis air an coileanadh 's air an cumail suas.

Tha coimhearsnachdan ionadail làidir ann an sgìre Comhairle na h-Eaglaise Brice, gach aon dhiubh le an comharran-crìche sònraichte fhèin, an gnìomhachasan, tachartasan, euchdan agus an dualchas fhèin. Bha againn ris an stòras sin a stiùireadh a-steach do lèirsinn leantailach, agus aig an aon àm ag aithneachadh nan coimhearsnachdan fa leth a tha a' dèanamh suas na sgìre. Còmhla ri ar com-pàirtichean, dh'aontaich sinn gum bu chòir ceangal soilleir a bhith eadar gach aon de ar gnìomhachdan agus a' cur gu deimhinneach ri adhartachadh agus coileanadh na lèirsinn fad-amail seo, a tha an taobh a-staigh nam prìomhachasan a tha air am mìneachadh anns a' Phlana Coimhearsnachd Ro-Innleachdail ùr againn.

A commitment to sustainability, equality of opportunity and social inclusion and cohesion is central to our vision. We want to make sure everyone in the area feels part of it, especially those who are most disadvantaged or socially marginalised. Engaging young people positively is one of our top priorities. The Falkirk Council area is home to more young people than in most areas in Scotland. They are the future of our area and we want to equip them with the skills, ambition and self belief to realise their potential.

Equally we recognise that in order to have healthy and vibrant communities, we must make sure people of all ages feel part of our vision and our future. This includes our youngest and oldest citizens.

The Council already has a strong track record in establishing innovative and effective partnerships, linked to our strategic priorities, across a range of sectors. We work closely with other public organisations as well as the private sector, involving key stakeholders and the community through initiatives such as the Business Panel and My Future's in Falkirk and we will enhance this partnership working in the coming years.

We have a firm foundation to build on. The Falkirk Council area is one of the country's fastest growing; more houses being built; crime rates among the lowest in the UK; clear-up rates are high and we are one of the best connected places in Scotland, with major motorways, excellent rail connections and expanding port facilities at Grangemouth.



Tha dealas a thaobh seasmhachd, co-ionannachd chothroman, in-ghabhaltas agus leantalachd aig teis-meadhain ar lèirsinn. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil gach neach san sgìre a' faireachdainn mar phàirt dhìth, gu h-àraid iadsan as motha a tha fo anacothrom no air an iomall gu sòisealta. Tha conaltradh ri daoine òga mar aon de na prìomhachasan as àirde a th' againn. Tha sgìre Comhairle na h-Eaglaise Brice na dachaigh do nas motha dhaoine òga na àite sam bith eile ann an Alba. Is iadsan beatha theachdail na sgìre againn agus tha sinn airson an uidheamachadh leis na sgìlean, le miann-adhartais agus fèin-chreideamh gus an comas a thoirt gu buil.

Cho math ri sin tha sinn ag aithneachadh, airson coimhearsnachdan fallain beòthail a bhith againn, gum feum sinn dèanamh cinnteach gum bi daoine de gach aois a' faireachdainn mar phàirt de ar lèirsinn mu choinneamh an ama ri teachd. Tha seo a' gabhail a-steach ar saoranaich as òige agus as sine.

Tha cliù làidir aig a' Chomhairle mar-thà ann an stèidheachadh chom-pàirteachasan ùr-ghnàthach agus èifeachdach, ceangailte ri ar prìomhachasan ro-innleachdail thairis air raon de roinnean. Tha sinn ag obair gu dlùth le buidhnean poblach eile a thuilleadh air an roinn phrìobhaidich, an lùib na coimhearsnachd agus prìomh luchd-ùidh tro iomairtean leithid Am Pannal Gnothachais agus Tha Mo Bheatha san Eaglais Bhric (My Future's in Falkirk) agus bidh sinn ag àrdachadh an obair com-pàirteachais sin sna bliadhnaichean a tha ri teachd.

Tha bun-stèidh làidir againn air am faod sinn togail. 'S e sgìre Comhairle na h-Eaglaise Brice aon de na sgìrean as luaithe a tha a' fàs: barrachd thaighean gan togail; ìrean eucoir am measg an fheadhainn as ìsle san Rìoghachd Aonaichte; tha na reataichean glanaidh againn àrd agus tha sinn mar aon de na h-àiteachan as goireasaiche ann an Alba, le prìomh mhòr-rathaidean, sàr cheanglaichean rèile agus goireasan puirt ann an Inbhir Grainnse a tha a' sìor leudachadh.

### ***Gaelic within the Authority's area of operation***

Our area does not have a large Gaelic speaking community. The 2001 Census showed only 0.67% of the Falkirk population able to either, write, read or speak Gaelic. However Gaelic awareness has been raised as part of Falkirk hosting the Royal National Mod in 2008, which has then developed Gaelic organisations such as Fòram Gàidhlig na h-Eaglaise Brice (Falkirk Gaelic Forum) and Fèis Fhoirt (Forth Festival). Over the past two years partnerships with local Gaelic organisations and the Council have developed in order to raise awareness of Gaelic language and culture as well as increased support and opportunities for Gaelic learners.

Currently, Falkirk Council provides financial support for children who attend Gaelic Medium Education outwith the council area. In addition to this, children in nine of the authority's Primary schools have the opportunity to develop skills in Gaelic language, by working with teachers who have undertaken the Gaelic Language in the Primary School programme. Falkirk Community Trust provides support in developing Gaelic song and traditional music as part of the Youth Music Initiative, taking place in educational establishments across the authority.

As part of our commitment to promoting and further developing Gaelic in Falkirk Council, we will commit to carrying out an audit of staff's Gaelic language skills within the first year of the plan, and will repeat the audit on a bi-annual basis.

In Session 2011/12, thirteen children living in the Falkirk area attend Gaelic Medium Education outside the authority with two at Wallace High (Stirling Council) and eleven at Condorrat Gaelic Medium Unit (North Lanarkshire). We have a commitment to Gaelic Learners in the Primary School (GLPS). This is used to promote the acquisition of Gaelic Language. Adult provision is provided through An Clas Gaelic who are voluntary organisation offering Gaelic learning opportunities for adults who meet weekly developing their oral and written skills. There are two classes; an intermediate and a beginners group. Both are open to anyone to join and are taught through informal learning by Gaelic tutors. The groups meet on a Monday and Thursday evening at Camelon Education Centre.

### ***Gàidhlig an taobh a-staigh raon obrach an Ughdarrais***

Chan eil coimhearsnachd mhòr Ghàidhlig againn san sgìre. Bha Cunntas-sluaigh 2001 a' taisbeanadh nach robh ach 0.67% den àireamh-sluaigh san Eaglais Bhric le comas sgrìobhaidh, leughaidh no labhairt na Gàidhlig. Ach chaidh mothachadh don Ghàidhlig a thogail mar phàirt de an Eaglais Bhreac a bhith a' toirt aogheachd don Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an 2008, a tha on uair sin air buidhnean Gàidhlig a leasachadh leithid Fòram Gàidhlig na h-Eaglaise Brice agus Fèis Fhortha. Thar an dà bhliadhna a chaidh seachad, tha com-pàirteachasan le buidhnean Gàidhlig ionadail agus a' Chomhairle air leasachadh gus mothachadh do chànan is chultar na Gàidhlig a thogail, a thuilleadh air meudachadh ann an taic agus cothroman do luchd-ionnsachaidh.

Aig an àm seo fhèin, tha Comhairle na h-Eaglaise Brice a' solarachadh taic ionmhasail do chloinn a tha a' frithealadh Foghlam Tron Ghàidhlig taobh a-muigh sgìre na Comhairle. A thuilleadh air an seo, tha cothrom aig naoi Bun-sgoiltean san ùghdarras an sgìlean ann an Gàidhlig a leasachadh, le bhith ag obair còmhla ri luchd-teagasg a tha air prògram Gàidhlig sa Bhun-sgoil a ghabhail os làimh. Tha Urras Coimhearsnachd na h-Eaglaise Brice a' solarachadh taic ann an leasachadh seinn òrain Ghàidhlig agus ceòl traidiseanta mar phàirt de Iomairt Ciùil na h-Òigridh a tha a' gabhail àite ann an aitreabhan foghlaim tarsainn sgìre an ùghdarrais.

Mar phàirt de ar dealas a thaobh adhartachadh na Gàidhlig agus barrachd leasachaidh sa Gàidhlig ann an Coimhairle na h-Eaglaise Brice, bidh sinn a' cur romhainn sgrùdadh a choileanadh ann an sgìlean Gàidhlig an luchd-obrach an taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den phlana agus bidh an sgrùdadh sin a' gabhail àite gach dàrnach bliadhna.

Ann an Seisean 2011/12, bha trìùir chloinne deug a tha a' fuireach ann an sgìre na h-Eaglaise Brice a' frithealadh Foghlam Tron Ghàidhlig taobh a-muigh an ùghdarrais, le dithis a' frithealadh Àrd-sgoil Uallais (Comhairle Shruighle) agus a h-aon-deug ann an Aonad Ghàidhlig Chondobhrat (Sgìre Lannraig a Tuath). Tha sinn dealasach a thaobh Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS). Tha seo air a chleachdadh gus togail na Gàidhlig adhartachadh. Tha solar inbheach air a thoirt seachad tron Chlas Ghàidhlig a tha nam buidheann saor-thoileach a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh ann an Gàidhlig do dh'inbhich, a bhios a' coinneachadh gach seachdain gus an sgìlean labhairt is sgrìobhaidh a leasachadh. Tha dà chlas ann: eadar-mheadhanaich agus buidheann luchd-tòiseachaidh. Tha an dà chlas fosgailte do neach sam bith agus tha oileanaich air an teagasg ann an dòigh neo-fhoirmeil tro oidean le Gàidhlig. Bidh na buidhnean a' coinneachadh air feasgar Diluain is Diardaoin ann an Ionad Foghlaim Chamlain.

Within Falkirk there are five Gaelic organisations:

### ***Fòram Gàidhlig na h-Eaglaise Brice (Falkirk Gaelic Forum)***

The aims of the forum are to support Gaelic Language and culture and to help secure the long term future for Gaelic language development in Falkirk district. As well as providing support where it can to other local Gaelic groups, the forum's primary focus is on pre-school Gaelic language development and Gaelic Medium Education, which they hope will ultimately lead to the establishment of Gaelic medium toddler groups, nurseries and mainstream Gaelic Medium Education (GME) up to secondary level within Falkirk district. The forum organises Gaelic Summer schools and Gaelic language classes for children.

### ***An Comunn Gàidhealach (The Highland Society)***

An Comunn Gàidhealach has long been a leading light in the teaching, learning and use of the Gaelic language and the study and cultivation of Gaelic literature, history, music and art. Through the organisation and running of the Am Mòd Maiseanta Rìoghail (The Royal National Mòd), and grass roots community development work, An Comunn Gàidhealach continues to further its aim of supporting and developing all aspects of the Gaelic language, culture, history and heritage at local, national and international levels. The Falkirk branch organises regular cèilidhs and supports local competitors attending the Mòd.

### ***Fèis Fhoirt***

Gaelic cultural group, offering classes and festivals for 8–18 year olds within the Falkirk, Stirling and Clackmannanshire area. They also run instrumental classes, masterclasses and Gaelic language support in some schools.

### ***Falkirk Junior Choir***

Meet weekly developing children's Gaelic singing and regularly compete in the Royal National Mod. An Clas Gàidhlig (Falkirk Gaelic Class): language class for adults looking to develop Gaelic language and cultural skills.

Tha còig buidhnean Gàidhlig anns an Eaglais Bhric:

### ***Fòram Gàidhlig na h-Eaglaise Brice***

Is iad amasan an fhòram taic a chur ri cànan is cultar na Gàidhlig agus cuideachadh le seasmhachd a chosnadh do leasachadh na Gàidhlig ann an sgìre na h-Eaglaise Brice san fhad-ama ri teachd. A thuilleadh air a bhith a' solarachadh taic far an urrainnear do bhuidhnean ionadail Gàidhlig eile, bidh am fòram a' cuimseachadh sa chiad àite air leasachadh na Gàidhlig aig ìre ro-sgoile agus air Foghlam Tron Ghàidhlig, a thathar an dòchas a leanas air adhart gu stèidheachadh air buidhnean chròileagain, sgoiltean-àraich agus Foghlam foirmeil Tron Ghàidhlig (FTG) sna sgoiltean suas gu ìre Àrd-sgoile ann an sgìre na h-Eaglaise Brice. Bidh am fòram ag eagrachadh sgoiltean samhraidh Gàidhlig agus clasaichean Gàidhlig do chloinn.

### ***An Comunn Gàidhealach***

Tha An Comunn Gàidhealach air a bhith o chionn fhada aig toiseach cùise a thaobh teagasg, ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig agus sgrùdadh is leasachadh air litreachas, eachdraidh, ceòl is ealain Ghàidhlig. Tro bhith ag eagrachadh agus a' ruith a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus tro obair leasachaidh bunaiteach sa choimhearsnachd, tha An Comunn Gàidhealach a' leantainn air adhart a' coileanadh amas a thaobh taic is leasachaidh do gach taobh de chànan, chultar, eachdraidh agus dhualchas na Gàidhlig aig ìrean ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta. Bidh meur na h-Eaglaise Brice ag eagrachadh chèilidhean cunbhalach agus a' toirt taic do fharpaisich ionadail aig a' Mhòd.

### ***Fèis Fhortha***

Buidheann cultarach Gàidhlig, a' tairgsinn chlasaichean is fhèisean do chloinn 8 gu 18 bliadhna a dh'aois an taobh a-staigh sgìre na h-Eaglaise Brice, sgìrean Shruighle agus Chlach Mhanainn. Tha iad cuideachd a' ruith chlasaichean ionnsramaideach, clasaichean maighistireach agus taic le Gàidhlig ann an cuid de sgoiltean.

### ***Còisir Òg na h-Eaglaise Brice***

a' coinneachadh gach seachdain gus seinn Gàidhlig chloinne a leasachadh agus pàirt a ghabhail gu cunbhalach ann am farpaisean a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

### ***An Clas Gàidhlig***


clas cànan do dh'inbhich a tha a' coimhead ri an sgilean cànan is cultar Gàidhlig a leasachadh.

**Figure 1**

Distribution of population with knowledge of Gaelic in the Council area (2001 Census).

**Figear 1**

Sgaoileadh de dh'àireamh-sluaigh le eòlas air Gàidhlig ann an sgìre na Comhairle (Cunntas-sluaigh 2001).







## CHAPTER 2 - CORE COMMITMENTS

### Section 1 - Identity

#### Rationale

The presence of Gaelic in the corporate identity and signs of a public authority can enhance the visibility of the language, increases its status and makes an important statement about how Gaelic is valued and how it is given recognition. Developing the use of Gaelic through signage can also enrich the vocabulary of Gaelic users, raise public awareness of the language and contribute to its development.

*Falkirk Council recognises the importance of extending the visibility of Gaelic and increasing its status.*

## CAIBIDEIL 2 – PRÌOMH DHEALASAN

### Earrann 1 - Ionnachd

#### Feallsanachd

Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an ionnachd chorporra agus soidhnichean ùghdarrais ionadail ag àrdachadh faicsinneachd a' chànain, a' meudachadh inbhe agus a' foillseachadh ann an dòigh chudromach an luach a thathar a' cur air a' Ghàidhlig agus mar a thathar a' toirt spèis don chànan. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean, briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a shaidhbhreachadh, mothachadh poblach don chànan a thogail agus cur ri a leasachadh.

*Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh cho cudromach 's a tha leudachadh air faicsinneachd na Gàidhlig agus meudachadh a h-inbhe.*

Current Practice Cleachdadh làthaireach	Actions Gnìomhan	Target Date Ceann-latha Targaid	Lead Stiùireadh
<p><b>Corporate Identity</b></p> <p>Falkirk Council currently does not have an agreed policy for the use of Gaelic in its corporate identity.</p> <p><b>Ionnachd chorporra</b></p> <p>Chan eil poileasaidh aontaichte aig a' Chomhairle gu làithreach airson Gàidhlig a chleachdadh san ionnachd chorporra.</p>	<p>We will render the corporate logo bilingual, demonstrating equal respect for the languages, and use accordingly.</p> <p>Liubhraidh sinn an t-suaicheantas chorporra gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionnan do na cànanan agus gan cleachdadh da rèir sin.</p>	<p>End of 2012 Deireadh 2012</p>	<p>Corporate &amp; Neighbourhood Services</p> <p>Seirbheisean Corporra &amp; Nàbaidheachd</p>
<p><b>Signage</b></p> <p>Falkirk Council does not have a policy for use of Gaelic in its signage</p> <p>Soidhnichean</p> <p>Chan eil poileasaidh aig Comhairle na h-Eaglaise Brice airson Gàidhlig a chleachdadh ann an soidhnichean.</p>	<p>We will identify key high-profile signs on a renewal or replacement basis. We will render them bilingually, demonstrating equal respect, ie equal font size, style and status.</p> <p>Comharraichidh sinn prìomh shoidhnichean àrd-iomhaigheach air bunait ath-ùrachaidh no às ùr. Liubhraidh sinn iad gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionnan, 's e sin, an aon mheud de chlà-sgrìobhaidh, agus an aon stoidhle agus inbhe.</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>Thairis air beatha a' phlana.</p>	<p>All Services, led by Roads Service</p> <p>Na Seirbheisean uile, air an stiùireadh le Seirbheisean Rathaidean.</p>

## Section 2 – Communications

### Rationale

The use of Gaelic at the initial point of contact that members of the public have with a public authority increases the visible and audible presence of the language, and contributes to the sense that the use of Gaelic is possible and welcome. In addition to raising the profile of the language, it also creates opportunities for its practical use and encourages members of the public to use Gaelic in subsequent dealings with the public authority.

The use of Gaelic in interactions with the authority by mail, e-mail and by telephone is important in creating practical opportunities for the use of the language, and in contributing to the sense that its use is possible and welcome. The presence of Gaelic in a wide range of bilingual forms and Gaelic only forms can also greatly enhance the visibility and prestige of the language. The preparation of Gaelic versions of forms, applications and similar documents, can also assist in expanding the range of Gaelic terminology and the awareness of the Gaelic-speaking public of such terminology, thus helping the development of the language itself.

*Falkirk Council recognises the importance of creating opportunities for the practical use of Gaelic in a wide range of everyday situations and is committed to increasing its level of provision in this area as resources allow and where there is an identified need.*

## Earrann 2 – Conaltradh

### Feallsanachd

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad choinneachadh eadar buill den phoball agus an t-ùghdarras poblach a' meudachadh làthaireachd faicsinneach is osgarra a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus di-beathte. A thuilleadh air iomhaigh a' chànain a thogail, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh feumail air a' chànain agus a' brosnachadh buill den phoball gu Gàidhlig a chleachdadh ann an dòighean dèiligidh leis an ùghdarras phoblach às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig cudromach ann an eadar-obrachadh leis an ùghdarras tron phost, post-d agus fòn, a' cruthachadh chothroman feumail airson cleachdadh a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh a' chànain comasach agus di-beathte. Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an raon fharsaing de fhoirmean dà-chànanaich agus foirmean Gàidhlig a-mhàin comasach air mòr-àrdachaidh a thoirt air faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Faodaidh ullachadh air dreachan Gàidhlig de fhoirmean, iarrtasan agus sgrìobhainnean mar sin, cuideachadh le leudachadh a thoirt air an raon de bhriathrachas Gàidhlig agus cuideachadh le mothachadh a' phobail Ghàidhlig a thogail don bhriathrachas sin, agus mar sin a' cuideachadh le leasachadh a' chànain fhèin.

*Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh na cudromachd a tha an lùib cruthachadh chothroman airson cleachdadh dèantach air a' Ghàidhlig ann an raon fharsaing de shuidheachaidhean làitheil, agus tha a' Chomhairle dealasach a thaobh meudachadh air ìre solair san sgìre mar a cheadaicheas goireasan agus far a bheil feumalachd air a chomharrachadh.*



plancc

<b>Current Practice</b> <b>Cleachdadh làthaireach</b>	<b>Actions</b> <b>Gnìomhan</b>	<b>Target Date</b> <b>Ceann-latha Targaid</b>	<b>Lead</b> <b>Stiùireadh</b>
<p><b>Complaints procedure</b></p> <p>The Council does not at present include Gaelic in its complaints procedures.</p> <p><b>Modh Gearain</b></p> <p>Chan eil a' Chomhairle a' cleachdadh na Gàidhlig gu làithreach ann am modhan gearain na Comhairle.</p>	<p>We will implement the SPSO's model Complaints Handling Procedure. A Gaelic translation of those complaints procedures will be made and will be available on request. An active offer will be made regarding the availability of this service.</p> <p>Cuiridh sinn an gnìomh modal Mhodhan Làimhseachaidh Ghearanan aig SPSO. Bidh eadar-theangachadh air na modhan gearain sin air a dhèanamh agus ri fhaotainn le iarraidh. Bidh tairgse ghnìomhach dèante a thaobh mar a gheibhear an t-seirbheis seo.</p>	<p>Beginning of 2013</p> <p>Toiseach 2013</p>	<p>Corporate and Neighbourhood Services</p> <p>Communications and Participation</p> <p>Seirbheisean Corporra is Nàbaidheachd.</p> <p>Conaltraidhean agus Com-pàirteachas.</p>
<p><b>Reception</b></p> <p>Falkirk Council does not at present provide a Gaelic element to its reception service.</p> <p><b>Fàilteachadh</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig anns an t-seirbheis fàilteachaidh.</p>	<p>Training in Gaelic language skills will be offered to key staff on an incremental basis. Where Gaelic language skills are available, an active offer will be made of this service.</p> <p>Bidh trèanadh ann an sgilean Gàidhlig air a thairgsinn beag air bheag do phrìomh luchd-obrach. Far a bheil sgilean Gàidhlig rim faotainn, thèid an t-seirbheis seo a thairgsinn.</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>Thar beatha a' phlana.</p>	<p>Human Resources (Employee Development Team)</p> <p>Goireasan Daonna (Sgioba Leasachaidh Luchd-obrach)</p>
<p><b>Telephone</b></p> <p>Falkirk Council does not at present provide a Gaelic element to its telephone service.</p> <p><b>Fòn</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig anns an t-seirbheis fòn.</p>	<p>Training in Gaelic language skills will be offered to key staff on an incremental basis. Where Gaelic language skills are available, an active offer will be made of this service.</p> <p>Bidh trèanadh ann an sgilean Gàidhlig air a thairgsinn beag air bheag do phrìomh luchd-obrach. Far a bheil sgilean Gàidhlig rim faotainn, thèid an t-seirbheis seo a thairgsinn.</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>Thar beatha a' phlana.</p>	<p>Human Resources (Employee Development Team)</p> <p>Goireasan Daonna (Sgioba Leasachaidh Luchd-obrach)</p>

<i>Current Practice Cleachdadh làthaireach</i>	<i>Actions Gnìomhan</i>	<i>Target Date Ceann-latha Targaid</i>	<i>Lead Stiùireadh</i>
<p><b>Mail and E-mail</b></p> <p>Falkirk Council does not at present provide a Gaelic element to e-mail correspondence.</p> <p><b>Post agus Post-d</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig ann an litrichean no air post-d.</p>	<p>All automatic e-mail signatures will be rendered bilingual, demonstrating equal respect for the languages.</p> <p>Bidh ainmean-sgrìobhte fèin-ghluasadach uile air an liubhairt gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionnan do na cànanan.</p>	<p>Beginning of 2013</p> <p>Toiseach 2013</p>	<p>Communications and Participation</p> <p>Conaltraidhean agus Com-pàirteachas.</p>
<p><b>Forms</b></p> <p>Falkirk Council does not at present provide a Gaelic element to forms.</p> <p><b>Foirmean</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig ann am foirmean.</p>	<p>We will identify key forms, which will be rendered bilingual, demonstrating equal respect for the languages.</p> <p>Comharraichidh sinn prìomh fhoirmean a bhios air an liubhairt gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionnan do na cànanan.</p>	<p>Beginning of 2013</p> <p>Toiseach 2013</p>	<p>Communications and Participation</p> <p>Conaltraidhean agus Com-pàirteachas.</p>
<p><b>Public meetings</b></p> <p>Falkirk Council does not at present provide interpretation services at meetings.</p> <p><b>Coinneamhan poblach</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' solarachadh seirbheisean eadar-theangachaidh mar-aon aig coinneamhan.</p>	<p>Following a request for a bilingual meeting, where reasonable warning is given, we will provide a interpreter. We will make an active offer of this service.</p> <p>A' leantainn air iarrrtas airson coinneamh dà-chànanach, agus far a bheil rabhadh reusanta air a thoirt seachad, cuiridh sinn eadar-theangaire an làthair. Thèid tairgse ghnìomhach den t-seirbheis seo a dhèanamh.</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>Thar beatha a' phlana.</p>	<p>Communications and Participation</p> <p>Conaltraidhean agus Com-pàirteachas.</p>

gaelic

## Section 3 – Publications

### Rationale

The use of Gaelic in a range of printed material can assist Gaelic development in a variety of ways. It helps increase the visibility of the language, it enhances Gaelic's status by being used in high profile publications, and it can help develop new and enhance existing terminology. The use of Gaelic in the media helps demonstrate a public authority's commitment to the medium of Gaelic, as well as enhancing the visibility and status of the language.

*Falkirk Council is committed to increasing the use of Gaelic in those areas where the subject matter is of most interest to the general public or relates specifically to Gaelic issues.*

## Earrann 3 – Foillseachaidhean

### Feallsanachd

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann am measgachadh de dhòighean. Tha cleachdadh na Gàidhlig a' cuideachadh le faicsinneachd a' chàinain a mheudachadh, ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-inbheil, agus a' cuideachadh le briathrachas ùr agus briathrachas a th' ann mar-thà a leasachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh le bhith a' taisbeanadh dealas an ùghdarras phoblaich a thaobh meadhan na Gàidhlig, a thuilleadh air a bhith ag àrdachadh faicsinneachd agus inbhe a' chàinain.

*Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice dealasach a thaobh meudachadh a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig anns na raointean sin far a bheil an stuth cuspaireach nas ùidheil don phoball san fharsaingeachd no co-cheangailte gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.*

Current Practice Cleachdadh làthaireach	Actions Gnìomhan	Target Date Ceann-latha Targaid	Lead Stiùireadh
<p><b>Printed material</b></p> <p>Falkirk Council does not have a policy on publishing material in Gaelic.</p> <p><b>Stuth clò-bhuailte</b></p> <p>Chan eil poileasaidh aig a' Chomhairle air foillseachadh stuth ann an Gàidhlig.</p>	<p>Guidelines will be developed for publishing material in Gaelic in line with our existing interpretation and translation guidelines.</p> <p>We will identify key printed publications and produce these bilingually, demonstrating equal respect for the languages.</p> <p>The Falkirk Council corporate letterhead will be rendered bilingual, demonstrating equal respect for English and Gaelic. This will be used as standard, replacing any previous corporate letterheads.</p> <p>Bidh stiùireadh air a chur an àite airson stuth fhoillseachadh ann an Gàidhlig ann an co-rèir ri ar stiùireadh a thaobh eadar-mhìneachaidh agus eadar-theangachaidh.</p> <p>Comharraichidh sinn prìomh fhoillseachaidhean clò-bhuailte agus bheirear iad gu buil gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionnan do na cànanan.</p> <p>Bidh ceann-litir corporra Comhairle na h-Eaglaise Brice air a liubhairt gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionnan do Ghàidhlig is Beurla. Bidh seo air a chleachdadh gu coitcheann, an àite cinn-litir chorporra sam bith eile.</p>	<p>End of 2014 Deireadh 2014</p>	<p>Communications and Participation</p> <p>Conaltraidhean agus Com-pàirteachas.</p>

<b>Current Practice Cleachdadh làthaireach</b>	<b>Actions Gnìomhan</b>	<b>Target Date Ceann-latha Targaid</b>	<b>Lead Stiùireadh</b>
<p><b>Websites</b></p> <p>At present there is no Gaelic provision within the Falkirk Council website. Our services will identify as appropriate information they wish to provide in Gaelic through our website.</p> <p><b>Làraich-lìn</b></p> <p>Gu làithreach, chan eil solar Gàidhlig sam bith ann an làrach-lìn Comhairle na h-Eaglaise Brice.</p>	<p>We will ensure that Gaelic begins to be included on our website, by identifying high profile areas.</p> <p>We will demonstrate equal respect for English and Gaelic.</p> <p>Bidh ar seirbheisean a' comharrachadh mar a bhios iomchaidh, fiosrachadh a tha iad airson a sholarachadh ann an Gàidhlig tron làraich-lìn againn.</p> <p>Nì sinn cinnteach gum bi a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach san làraich-lìn againn, le bhith a' comharrachadh raointean àrd-iomhaigheach. Bidh sinn a' taisbeanadh spèis co-ionnan do Ghàidhlig is Beurla.</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>End of 2012</p> <p>Thar beatha a' phlana.</p> <p>Deireadh 2012</p>	<p>Communications and Participation</p> <p>Conaltraidhean agus Com-pàirteachas.</p>
<p><b>Public Relations and the Media</b></p> <p>At present, Falkirk Council does not have an identified member of staff.</p> <p><b>Dàimhean Poblach agus na Meadhanan</b></p> <p>Gu làithreach, chan eil neach-obrach comharraichte aig Comhairle na h-Eaglaise Brice.</p>	<p>As part of the skills audit, we will identify if we have a member of staff who would be able to deal with high profile press releases. We will provide appropriate training, that will include Gaelic skills and media training, as appropriate.</p> <p>Mar phàirt den sgrùdadh sgilean, bidh sinn a' comharrachadh ach a bheil ball den luchd-obrach againn comasach air dèiligeadh le fiosan naidheachd àrd-inbheil. Solaraidhidh sinn trèanadh iomchaidh a bhios a' gabhail a-steach sgilean Gàidhlig agus trèanadh sna meadhanan, mar a bhios iomchaidh.</p>	<p>From end of 2012</p> <p>Bho dheireadh 2012</p>	<p>Communications and Participation</p> <p>Human Resources (Employee Development Team)</p> <p>Conaltraidhean agus Com-pàirteachas.</p> <p>Goireasan Daonna (Sgioba Leasachaidh Luchd-obrach)</p>
<p><b>Exhibitions</b></p> <p>Falkirk Council does not at present provide a Gaelic element to exhibition materials.</p> <p><b>Taisbeanaidhean</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig ann an stuthan taisbeanaidh.</p>	<p>On a new or replacement basis, materials will be rendered bilingual, demonstrating equal respect for English and Gaelic.</p> <p>Air bunait ath-ùrachaidh no às ùr, bidh stuthan air an liubhairt gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionnan do Ghàidhlig agus Beurla</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>Thar beatha a' phlana.</p>	<p>Communications and Participation</p> <p>Conaltraidhean agus Com-pàirteachas.</p>

## Section 4 – Staffing

### Rationale

In order to deliver services through the medium of Gaelic, it is necessary to develop the requisite job skills and language skills of staff. The provision of language learning for staff helps promote adult Gaelic learning and promotes Gaelic as a useful skill in the workplace. The identification of jobs in which Gaelic is a designated skill will contribute greatly to the status of the language and to identifying it as a positive skill to acquire.

The use of Gaelic in advertising also helps recognise that Gaelic should be used in public life and that Gaelic users have an important role to play within a public authority.

*Falkirk Council recognises the importance of seeing Gaelic as a job skill and of identifying situations in which its use is essential or desirable. Falkirk Council also recognises the importance of enabling staff to develop their Gaelic skills if they wish to do so.*

## Earrann 4 – Luchd-obrach

### Feallsanachd

Gus seirbheisean a liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach na sgilean obrach air a bheil feum agus sgilean cànan an luchd-obrach a leasachadh. Tha solar a thaobh ionnsachadh cànan do luchd-obrach a' cuideachadh le bhith ag adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbhe agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean far a bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànain agus ga sònrachadh mar sgil dheimhinneach a bu chòir a thogail. Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh le bhith a' brosnachadh aithne gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh anns a' bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig an taobh a-staigh ùghdarras poblach.

*Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh na cudromachd an lùib a bhith a' faicinn Gàidhlig mar sgil obrach agus a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig deatamach no ion-mhiannaichte. Cuideachd, tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' comasachadh luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad air a shon.*



<b>Current Practice</b> <b>Cleachdadh làthaireach</b>	<b>Actions</b> <b>Gnìomhan</b>	<b>Target Date</b> <b>Ceann-latha Targaid</b>	<b>Lead</b> <b>Stiùireadh</b>
<p><b>Training</b></p> <p>Falkirk Council does not currently have information regarding levels of Gaelic language skills amongst staff.</p> <p>Falkirk Council makes provision for staff training in Gaelic for GLPS staff.</p> <p>Falkirk Council currently does not offer Gaelic awareness training opportunities for staff across all services.</p>	<p>We will carry out an audit of staff's Gaelic language skills within the first year of the plan, and will repeat the audit on a bi-annual basis.</p> <p>We will continue to provide opportunities for staff and communities to learn Gaelic in order to further increase the number of trained teachers:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>■ <b>Gaelic Language in the Primary School (currently, the council is meeting the demands identified by primary school staff)</b></li> <li>■ <b>At present, this is two places per year</b></li> <li>■ <b>We will be active in seeking opportunities for increased GLPS provision, including via the GLPS consortium.</b></li> </ul> <p>We will provide Gaelic awareness training for senior staff across all services, and for Elected Members.</p>	<p>In year 1 of the of the plan, thereafter biannually</p> <p>Over the lifetime of the plan</p> <p>In year 1 of the plan.</p>	<p>Human Resources (Employee Development Team)</p> <p>Education Services</p> <p>Human Resources (Employee Development Team)</p>
<p><b>Trèanadh</b></p> <p>Chan eil fiosrachadh aig Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a thaobh ìrean sgilean ann an Gàidhlig am measg an luchd-obrach.</p> <p>Tha a' Chomhairle a' solarachadh chothroman trèanaidh ann an Gàidhlig do luchd-obrach GLPS.</p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' tairgsinn chothroman trèanaidh ann am mothachadh don Ghàidhlig do luchd-obrach thar nan seirbheisean uile.</p>	<p>Coileanaidh sinn sgrùdadh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach an taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den phlana, agus cuiridh sinn an sgrùdadh seo an gnìomh gach dàrnach bliadhna.</p> <p>Leanaidh sinn air adhart a' solarachadh chothroman do luchd-obrach agus do choimhearsnachdan airson Gàidhlig ionnsachadh, gus meudachadh air an àireamh de luchd-teagaisg air an trèanadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>■ <b>Gàidhlig sa Bhun sgoil (gu làithreach, tha a' chomhairle a' coileanadh nam feumalachdan a tha air an comharrachadh le luchd-teagaisg bun-sgoile)</b></li> <li>■ <b>Aig an àm seo, 's e dà àite gach bliadhna a tha seo.</b></li> <li>■ <b>Bidh sinn gnìomhach ann an sireadh chothroman airson meudachadh ann an solar GLPS, a' gabhail a-steach tro chobhanntachd GLPS.</b></li> </ul> <p>Solaraidh sinn trèanadh ann am mothachadh don Ghàidhlig do àrd-luchd-obrach thar nan seirbheisean uile, agus do Bhuill Thaghte.</p>	<p>Ann am bliadhna 1 den phlana, agus às dèidh sin gach dàrnach bliadhna.</p> <p>Thar beatha a' phlana.</p> <p>Ann am bliadhna 1 den phlana.</p>	<p>Goireasan Daonna (Sgioba Leasachaidh Luchd-obrach)</p> <p>Seirbheisean Foghlaim</p> <p>Goireasan Daonna (Sgioba Leasachaidh Luchd-obrach)</p>





<b>Current Practice</b> <b>Cleachdadh làthaireach</b>	<b>Actions</b> <b>Gnìomhan</b>	<b>Target Date</b> <b>Ceann-latha Targaid</b>	<b>Lead</b> <b>Stiùireadh</b>
<p><b>Language Learning</b></p> <p>Falkirk Council currently does not offer language learning opportunities for staff across all services.</p> <p><b>Ionnsachadh Cànan</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh cànan do luchd-obrach thar nan seirbheisean uile</p>	<p>We will make an active offer of Gaelic language learning opportunities to reception and telephone staff, providing a Gaelic toolkit as a facility for staff.</p> <p>Bidh sinn gnìomhach ann an tairgsinn chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do luchd-obrach ionad fàilteachaidh agus fòn, a' solarachadh uidheam Gàidhlig mar ghoireas do luchd-obrach</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>Thar beatha a' phlana</p>	<p>Human Resources (Employee Development Team)</p> <p>Goireasan Daonna (Sgioba Leasachaidh Luchd-obrach)</p>
<p><b>Advertising</b></p> <p>Falkirk Council does not make provision at present for the use of Gaelic in advertisements.</p> <p><b>Sanasachadh</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' dèanamh àite do chleachdadh na Gàidhlig ann an sanasan.</p>	<p>Where the post requires Gaelic, the advert will be created in both Gaelic and English. We will develop a policy, regarding Gaelic-essential and desirable posts</p> <p>Far a bheil riatanas san dreuchd airson Gàidhlig, bidh an t-sanas air a cruthachadh san dà chuid, Gàidhlig is Beurla. Leasaichidh sinn poileasaidh a thaobh dhreuchdan far a bheil Gàidhlig deatamach agus ion-mhiannaichte.</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>Thar beatha a' phlana</p>	<p>Human Resources</p> <p>Goireasan Daonna</p>
<p><b>Recruitment</b></p> <p>Falkirk Council does not make provision at present for the use of Gaelic in recruitment procedures</p> <p><b>Trusadh</b></p> <p>Chan eil Comhairle na h-Eaglaise Brice gu làithreach a' dèanamh àite do chleachdadh na Gàidhlig ann am modhan trusaidh.</p>	<p>We will include as standard in all person specifications that Gaelic language skills are desirable. Where Gaelic skills are essential, this will be reflected in documentation.</p> <p>Gu coitcheann, cuiridh sinn a-steach ann an tuairisgeulan pearsa uile, gu bheil sgilean Gàidhlig ion-mhiannaichte. Far a bheil sgilean Gàidhlig deatamach, bidh seo a' nochdadh anns na sgrìobhainnean.</p>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>Thar beatha a' phlana</p>	<p>Human Resources</p> <p>Goireasan Daonna</p>

Fàilte gu  
Mòd na  
h-Eaglaise  
Brice 2008

Welcome  
to the  
Falkirk  
Food 2008



Falkirk Council  
Faidhreachan na h-Eaglaise Brice 2008

## Chapter 3 – POLICY IMPLICATIONS FOR GAELIC

### *Implementation of the National Plan for Gaelic*

#### *Policy implications for Gaelic*

Falkirk Council recognises that the various priority areas identified in the National Plan for Gaelic will be primarily implemented through our Gaelic Language Plan but that opportunities will arise to promote and develop the language through existing policy measures.

In the formation, renewal and monitoring of policies, Falkirk Council will ensure that the impact on Gaelic will be in line with the National Plan for Gaelic. This will be measured and included in yearly implementation reports to Bòrd na Gàidhlig.

#### *Overview of the National Plan for Gaelic*

The National Plan for Gaelic identifies the following interlinking aspects of language development

##### **1. Language Acquisition**

*Increasing the number of Gaelic speakers by ensuring the language is transferred within families and by securing effective opportunities for learning Gaelic.*

##### **2. Language Usage**

*Encouraging greater use of Gaelic, providing opportunities to use the language, and promoting access to Gaelic forms of expression.*

##### **3. Language Status**

*Increasing the visibility and audibility of Gaelic, enhancing its recognition and creating a positive image for Gaelic in Scottish public life.*

##### **4. Language Corpus**

*Strengthening the relevance and consistency of Gaelic and promoting research into the language.*

## Caibideil 3 – BUÀIDHEAN POILEASÀIDH AIR A' GHÀIDHLIG

### *Buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig*

#### *Buaidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig*

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, air am buileachadh sa chiad àite tro ar Plana Gàidhlig ach gum bi cothroman a' tighinn am bàrr airson an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro cheuman poileasaidh a th' ann cheana.

Ann an cur ri chèile, ath-ùrachadh agus sgrùdadh phoileasaidhean, bidh Comhairle na h-Eaglaise Brice a' dèanamh cinnteach gum bi a' bhuidhean air Gàidhlig ann an co-rèir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Bidh seo air a thomhais agus air a ghabhail a-steach ann an aithisgean buileachaidh bliadhna gu Bòrd na Gàidhlig.

#### *Thar-shealladh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig*

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh nan taobhan eadar-cheangailte a leanas ann an leasachadh cànan:

##### **1. Togail Cànan**

*Meudachadh na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan air aiseag an taobh a-staigh theaghlaichean agus le bhith a' stèidheachadh chothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh.*

##### **2. Cleachdadh Cànan**

*Brosnachadh barrachd cleachdaidh air a' Ghàidhlig, a' solarachadh chothroman gus an cànan a chleachdadh agus ag adhartachadh ruigsinneachd air cruthan de mhodhan labhairt sa Ghàidhlig.*

##### **3. Inbhe Cànan**

*Meudachadh faicsinneachd agus osgarrachd na Gàidhlig, ag adhartachadh aithne dhi agus a' cruthachadh ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba.*

##### **4. Corpas Cànan**

*Neartachadh buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh air a' chànan.*

Falkirk Council has identified the following areas for development:

- *increasing the number of children acquiring Gaelic in school via Gaelic Language in the Primary School*
- *increasing the number of adult Gaelic learners (beginners' class/access to Glow)*
- *increasing the use of Gaelic in communities (beginner class)*
- *increasing the visibility and recognition of Gaelic (signs at public access points)*
- *increasing the accessibility of Gaelic translations (summaries of key council policies)*
- *promoting the benefits of Gaelic medium education and the benefits of bilingualism*
- *arrying out research into the demand for GME at primary school level.*

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice air na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh:

- *meudachadh na h-àireimh de chloinn a' faotainn Gàidhlig san sgoil tro sgeama Gàidhlig sa Bhun-sgoil.*
- *meudachadh na h-àireimh de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig ìre inbhich (clasluchd-tòiseachaidh / cothrom air Glow)*
- *meudachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan (clas luchd-tòiseachaidh)*
- *meudachadh faicsinneachd agus aithne don Ghàidhlig (soidhnichean ann an àiteachan poblach)*
- *meudachadh ruigsinneachd air eadar-theangachadh ann an Gàidhlig (geàrr-iomraidhean air prìomh phoileasaidhean comhairle)*
- *adhartachadh bhuannachdan an lùib foghlam tron Ghàidhlig agus na buannachdan an lùib dà-chànanas*
- *coileanadh rannsachadh air an iarrtas airson FMG aig ìre bun-sgoile*



## **Commitment to the Objectives of the National Plan for Gaelic**

Falkirk Council is committed to supporting the implementation of the National Plan and in this section we set out how we will achieve that aim.

### **1. Language Acquisition**

Falkirk Council recognises that a sustainable future for Gaelic requires more people to learn the language and that attention requires to be focused on the home, education and adult learning as the key means of achieving this. We will take the following steps to help create a supportive environment for growing the number of Gaelic speakers in Scotland. These steps are complementary to the training commitments contained in Section 4 of this plan.

## **Dealas a thaobh nan Cinn-uidhe aig Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice dealasach a thaobh taic a chur ri buileachadh a' Phlana Nàiseanta, agus san earrann seo tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

### **1. Togail Cànan**

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh gu bheil feum aig seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd air barrachd dhaoine ag ionnsachadh a' chànan, agus gum feum aire a bhith cuimsichte air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar na prìomh mheadhanan air seo a choileanadh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh. Tha na ceumannan seo a thuilleadh air agus freagarrach do na dealasan trèanaidh ann an Earrann 4 den phlana seo.

<b>Objective Ceann-uidhe</b>	<b>Actions Gnìomhan</b>	<b>Target Date Ceann-latha Targaid</b>	<b>Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean</b>
<b>1. Gaelic in the home</b> <b>1. Gàidhlig san dachaigh</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ <b>Offer support to pupils and parents who attend GME</b></li> <li>■ <b>We will continue to provide, meeting the required demands:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• information to parents</li> <li>• financial support in terms of transport for pupils attending Gaelic Medium Education outwith Falkirk Council.</li> <li>• distribution of a leaflet which promotes GME and the benefits of bilingualism</li> </ul> </li> <li>■ <b>Tairgsinn taic do sgoilearan is pàrantan a' frithealadh FTG.</b></li> <li>■ <b>Leanaidh sinn air adhart a' solarachadh, a' coinneachadh nan iarrtasan riatanach:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• fiosrachadh gu pàrantan</li> <li>• taic ionmhasail a thaobh còmhaidhail do sgoilearan a' frithealadh Foghlam Tron Ghàidhlig taobh a-muigh Comhairle na h-Eaglaise Brice.</li> <li>• Sgaoileadh bhileagan a bhios ag adhartachadh FTG agus buannachdan dà-chànanais.</li> </ul> </li> </ul>	<p>Over the lifetime of the plan</p> <p>In year 1 of the plan and ongoing through the life of the plan</p> <p>Thar beatha a' phlana.</p> <p>Ann am bliadhna 1 den phlana agus a' leantainn air adhart tro bheatha a' phlana.</p>	<p>Education Services</p> <p>Seirbheisean Foghlaim</p>

Objective Ceann-uidhe	Actions Gnìomhan	Target Date Ceann-latha Targaid	Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean
<p><b>2. Gaelic in education</b> <b>2. Gàidhlig ann am Foghlam</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ We will continue to offer places for teachers to develop Gaelic language through the Gaelic Learners' Provision in Primary Schools (GLPS), thereby increasing the total number of trained teachers in Falkirk Council.</li> </ul>	Over the lifetime of the plan	Education Services
	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ We will provide 2 places each year. Evidence relating to the number of applications received demonstrates that this is sufficient to meet the current demand in Falkirk Primary schools</li> </ul>		
	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ We will be active in seeking opportunities for increased GLPS provision, including via the GLPS consortium</li> </ul>		
	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Develop online communities through Glow for staff, pupils and parents to access, with the intention of increasing bilingual content.</li> </ul>		
	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Research demand for GME in the council area, with a report. Carry out scoping exercise into the feasibility of establishing a GME unit in the council area at primary school level</li> </ul>	Staff page set up by the end of 2011, pupils and parents by end of 2012	Education Services
	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Further develop Gaelic song and traditional music as part of the Youth Music Initiative, taking place in educational establishments across the authority. This will be increased through staff training in Gaelic song and traditional music, also by the development/use of resource packs.</li> </ul>	In the second year of the plan	Education Services
<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Further support is also given through Fèis Fhoirt.</li> </ul>	During the lifetime of the plan	Education Services Falkirk Community Trust	

Objective Ceann-uidhe	Actions Gnìomhan	Target Date Ceann-latha Targaid	Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean
<p><b>2. Gaelic in education</b> <b>2. Gàidhlig san dachaigh</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ <i>Leanaidh sinn air adhart a' tairgsinn àiteachan do luchd-teagaisg airson Gàidhlig a leasachadh tro sgeama Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS), agus mar sin a' meudachadh na h-àireimh iomlan de luchd-teagaisg air an trèanadh ann an Comhairle na h-Eaglaise Brice.</i></li> <li>■ <i>Solaraidhidh sinn 2 àite gach bliadhna. Tha fianais co-cheangailte ris an àireamh de dh'iarntasan a fhuairleadh, a' taisbeanadh gu bheil seo gu leòr mu choinneamh an iarntais làithreach ann an sgoiltean na h-Eaglaise Brice.</i></li> <li>■ <i>Bidh sinn gnìomhach ann an sireadh chothroman airson barrachd solair ann an GLPS, agus tro cho-bhanntachd an GLPS.</i></li> <li>■ <i>A' leasachadh choimhearsnachdan air-loidhne tro Glow airson cothroman a thoirt do luchd-teagaisg, sgoilearan agus pàrantan, le amas air an t-susbaint dà-chànanach a mheudachadh.</i></li> <li>■ <i>Iarrtas rannsachaidh air FTG ann an sgìre na comhairle, le aithisg. Coileanadh rannsachaidh a thaobh comasachd air aonad FTG a stèidheachadh ann an sgìre na comhairle aig ìre bun-sgoile.</i></li> <li>■ <i>Leantainn air adhart a' leasachadh òrain Ghàidhlig agus ceòl traidiseanta mar phàirt de Iomairt Ciùil na h-Òigridh, a' gabhail àite ann an aitreabhan foghlaim air feadh an ùghdarrais.</i></li> <li>■ <i>Bidh seo air a mheudachadh tro thrèanadh luchd-obrach ann an òrain Ghàidhlig agus ceòl traidiseanta, cuideachd tro leasachadh/cleachdadh pasganan ghoireasan.</i></li> <li>■ <i>Tha tuilleadh taic ga sholarachadh tro Fhèis Fhortha.</i></li> </ul>	<p>Thar beatha a' phlana.</p> <p>Duilleag luchd-teagaisg air a chur suas ro dheireadh 2011, sgoilearan agus pàrantan ro dheireadh 2012</p> <p>San dàrna bliadhna den phlana.</p> <p>Thar beatha a' phlana</p>	<p>Seirbheisean Foghlaim</p> <p>Seirbheisean Foghlaim</p> <p>Seirbheisean Foghlaim</p> <p>Seirbheisean Foghlaim Urras Coimhearsnachd na h-Eaglaise Brice.</p>

Objective Ceann-uidhe	Actions Gnìomhan	Target Date Ceann-latha Targaid	Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean
<p><b>3. Gaelic in Adult Learning</b> <b>3. Gàidhlig ann an Ionnsachadh Inbheach</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Provide financial support in terms of a contribution towards accommodation and tutor costs for An Clas Gàidhlig.</li> <li>■ Solarachadh taic ionmhasail a thaobh cuideachadh le àite agus cosgaisean oide don Chlas Ghàidhlig.</li> </ul>	<p>Over the lifetime of the plan Thar beatha a' phlana</p>	<p>Education Services Seirbheisean Foghlaim</p>

Gàidhlig  
 gaelic  
 plana





## 2. Language Usage

Falkirk Council recognises that creating a sustainable future for Gaelic requires not only increasing the number of people able to speak the language, but increasing actual usage.

## 2. Cleachdadh Cànan

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh gu bheil feum aig cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd air, chan e a-mhàin meudachadh anns an àireamh le comas air a' chànan a labhairt, ach cleachdadh gnìomhach a mheudachadh.

Objective Ceann-uidhe	Actions Gnìomhan	Target Date Ceann-latha Targaid	Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean
<p><b>1. Gaelic in Communities</b> <b>1. Gàidhlig sna Coimhearsnachdan</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ <i>Continue to support the local Gaelic organisations to provide and develop Gaelic language and culture, by advising and helping to develop organisations to grow and meet the needs of the community. This advice relates to council progress with the training of teachers in the GLPS programme, external funding opportunities and cultural programmes &amp; activities in the Council and Trust.</i></li> <li>■ <i>Leantainn air adhart a' cur taic ris na buidhnean Gàidhlig ionadail gus cànan is cultar na Gàidhlig a sholarachadh agus a leasachadh, le bhith a' comhairleachadh agus a' cuideachadh bhuidhnean gus fàs agus feumalachdan na coimhearsnachd a choileanadh. Tha a' chomhairle seo ceangailte ri adhartas na Comhairle fhèin ann an trèanadh luchd-teagaisg tro sgeama GLPS, cothroman maoineachaidh bhon taobh a-muigh agus prògraman cultarach &amp; gnìomhachdan anns a' Chomhairle agus san Urras.</i></li> </ul>	<p>Over the lifetime of the plan Thar beatha a' phlana.</p>	<p>Education Services Falkirk Community Trust  Seirbheisean Foghlaim Urras Coimhearsnachd na h-Eaglaise Brice</p>

Objective Ceann-uidhe	Actions Gnìomhan	Target Date Ceann-latha Targaid	Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean
<p><b>2. Gaelic in the Workplace</b> <b>2. Gàidhlig san Àite-obrach</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ <i>Provide press releases and job adverts in Gaelic where there is an identified need.</i></li> <li>■ <i>A policy and guidance will be introduced, regarding Gaelic-essential and desirable posts which will include provision of the timescale regarding introduction.</i></li> <li>■ <i>Provide a range of information in Gaelic on the Council website, demonstrating equal respect for the languages.</i></li> <li>■ <i>Brathan-naidheachd agus sanasan obrach a chur a-mach ann an Gàidhlig far a bheil feumalachd air a chomharrachadh.</i></li> <li>■ <i>Bidh poileasaidh agus stiùireadh air a chur an gnìomh, co-cheangailte ri dreuchdan far a bheil Gàidhlig deatamach agus ion-mhiannaichte, a bhios a' gabhail a-steach raon-ama a thaobh cur an aithne.</i></li> <li>■ <i>Solarachadh raon de fhiosrachadh ann an Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle, a' taisbeanadh spèis co-ionnan do na cànanan.</i></li> </ul>	<p>Over the lifetime of the plan Thar beatha a' phlana.</p>	<p>Human Resources Goireasan Daonna.</p>

gaelic

Objective Ceann-uidhe	Actions Gnìomhan	Target Date Ceann-latha Targaid	Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean
<p><b>3. Gaelic in the Arts</b> <b>3. Gàidhlig sna h-Ealain</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Increase production of Gaelic information for exhibitions and events.</li> <li>■ Increase development of Gaelic and traditional music as part of the Youth Music Initiative.</li> <li>■ Meudachadh buileachadh air fiosrachadh Gàidhlig airson taisbeanaidhean agus tachartasan.</li> <li>■ Meudachadh leasachadh air Gàidhlig agus ceòl traidiseanta mar phàirt de dh'Iomairt Ciùil na h-Òigridh.</li> </ul>	<p>Over the lifetime of the plan Thar beatha a' phlana.</p>	<p>All Services Falkirk Community Trust Na Seirbheisean uile. Urras Coimhearsnachd na h-Eaglaise Brice</p>
<p><b>4. Gaelic in Tourism, Heritage and Recreation</b> <b>4. Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan.</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ When hosting Gaelic events, produce welcome signs and event information in Gaelic, demonstrating equal respect for both languages.</li> <li>■ Ann a bhith a' toirt aoigheachd do thachartasan Gàidhlig, a' toirt soidhnichean fàilte agus fiosrachadh mu thachartasan gu buil ann an Gàidhlig, a' taisbeanadh spèis co-ionnan don dà chànan.</li> </ul>	<p>Over the lifetime of the plan Thar beatha a' phlana</p>	<p>All Services Na Seirbheisean uile.</p>
<p><b>5. Gaelic in the Media</b> <b>5. Gàidhlig anns na Meadhanan</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Through our staff audit and training, we will take the first step to ensure we have the appropriate Gaelic skills to increase our communication with and through the Gaelic media.</li> <li>■ Tro ar sgrùdadh air agus trèanadh luchd-obrach, gabhaidh sinn a' chiad cheum a dh'ionnsaigh dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean Gàidhlig iomchaidh againn gus ar conaltradh le agus tro na meadhanan Gàidhlig a mheudachadh.</li> </ul>		

Falkirk Council will do the following in line with our core commitments.

### 3. Language Status

Falkirk Council recognises that the status of a language is affected by its presence in the daily environment and the extent to which it is used, valued and perceived to be valued by those institutions which play an important role in our daily lives.

The Gaelic Language Plan has been prepared in partnership with services across the Council as well as local Gaelic organisations. We have also received input through our public consultation process.

*Bidh Comhairle na h-Eaglaise Brice a' dèanamh na leanas ann an co-rèir ri ar prìomh dhealasan.*

### 3. Inbhe Cànan

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh gu bheil inbhe a' chànain fo bhuaidh a làthaireachd san àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil an cànan air a chleachdadh, air a luachadh agus air fhaicinn a bhith air a luachadh leis na h-aitreabhan sin aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil.

Tha am Plana Gàidhlig air ullachadh ann an com-pàirteachas le seirbheisean thar na Comhairle a thuilleadh air buidhnean Gàidhlig ionadail. Tha sinn cuideachd air cur a-steach fhaighinn tron phròiseas co-chomhairleachaidh phoblach againn.

<b>Objective Ceann-uidhe</b>	<b>Actions Gnìomhan</b>	<b>Target Date Ceann-latha Targaid</b>	<b>Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean</b>
<p><b>1. Publication and Delivery of Gaelic Language Plan</b> 1. Foillseachadh agus Liubhairt a' Phlana Ghàidhlig</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Liaise with all services to produce and deliver plan.</li> <li>■ Cumail suas cheanglaichean leis na seirbheisean uile gus am plana a thoirt gu buil agus a liubhairt.</li> </ul>	<p>From the date the plan is agreed with Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Bhon cheann-latha a tha am plana air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig.</p>	<p>All Services Na Seirbheisean uile.</p>
<p><b>2. Increase visibility of Gaelic</b> 2. Meudachadh Faicsinneachd na Gàidhlig</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ Provide bilingual signage at public access points, demonstrating equal respect for English and Gaelic.</li> <li>■ Solarachadh soidhnichean dà-chànanach ann an àiteachan intrigidh poblach, a' taisbeanadh spèis co-ionnan do Ghàidhlig is Beurla.</li> </ul>	<p>From beginning of delivery of the plan.</p> <p>Bho thoiseach liubhairt a' phlana.</p>	<p>All Services Na Seirbheisean uile.</p>

#### 4. Language Corpus

Falkirk Council recognises the need to strengthen the relevance and consistency of Gaelic, the importance of facilitating translation services and to promote research.

#### 4. Corpus Càinain

Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice ag aithneachadh an fheum air buntainneachd is cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cudromachd a thaobh seirbheisean eadar-theangachaidh a dhèanamh comasach agus rannsachadh air a' chànan adhartachadh.

<b>Objective Ceann-uidhe</b>	<b>Actions Gnìomhan</b>	<b>Target Date Ceann-latha Targaid</b>	<b>Lead Service / partners Sheirbheis / com-pàirtichean</b>
<p><b>1. Gaelic translation and interpretation</b></p> <p><b>1. Eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh sa Ghàidhlig</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>■ <i>Translate summaries of a range of key council policies.</i></li> <li>■ <i>Falkirk Council will adhere to Gaelic orthographic conventions and guidance from Ainmean-Àite na h-Alba (Gaelic place names organisation).</i></li> <li>■ <i>Falkirk Council will use translators with a proven track record.</i></li> <li>■ <i>Eadar-theangachadh geàrr-iomradh air raon de phrìomh phoileasaidhean na Comhairle.</i></li> <li>■ <i>Cumaidh Comhairle na h-Eaglaise Brice ri gnàthachas litreachaidh na Gàidhlig agus ri stiùireadh bho Ainmean-Àite na h-Alba.</i></li> <li>■ <i>Cleachdaidh Comhairle na h-Eaglaise Brice eadar-theangairean le cliù.</i></li> </ul>	<p>From beginning of delivery of the plan</p> <p>Bho thoiseach liubhairt a' phlana.</p>	<p>Corporate &amp; Neighbourhood Services</p> <p>Seirbheisean Corporra &amp; Nàbaidheachd</p>



## CHAPTER 4 – IMPLEMENTATION AND MONITORING

### *Timetable*

This plan is a 5 year plan. The timetable for actions is noted throughout the plan. We will review the overall plan within the next five years.

### *Publicising the Plan*

Falkirk Council's Gaelic Language Plan will be published bilingually on Falkirk Council's website. In addition, we shall:

- *make copies of the plan available in our public offices and reception areas;*
- *make the plan known to employees via Falkirk Council's Intranet;*
- *distribute copies of the plan to non-departmental public bodies and agencies, agents and contractors;*
- *distribute copies of the plan to Gaelic organisations;*
- *distribute copies of the plan to other interested bodies; and*
- *make copies available on request.*

### *Administrative Arrangements for Implementing the Gaelic Language Plan*

This plan is the policy of Falkirk Council and has been endorsed both by our senior management team and Council members.

#### *Overall Responsibility:*

The Chief Executive will be responsible ultimately for ensuring that the Falkirk Council delivers on the commitments set out in this Plan.

### *Resourcing the Plan*

The commitments will be delivered through normal council financial processes. In addition, the council will actively seek external funding opportunities.

## CAIBIDEIL 4 – BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

### *Clàr-ama*

Is e plana 5-bliadhna a tha seo. Tha an clàr-ama airson nan gnìomhan air a thoirt fa-near tron phlana air fad. Bidh sinn ag ath-bhreithneachadh a' phlana iomlain an taobh a-staigh nan còig bliadhna a tha romhainn.

### *Foillseachadh a' Phlana*

Bidh Plana Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice air fhoillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn Comhairle na h-Eaglaise Brice. A thuilleadh air an sin, bidh sinn:

- *a' dèanamh leth-bhric den phlana gus a bhith rim faotainn nar n-oifisean poblach agus nar n-ionadan fàilteachaidh;*
- *a' cur a' phlana an aithne do luchd-obrach tro Eadra-lìn Comhairle na h-Eaglaise Brice;*
- *a' sgaoileadh leth-bhric den phlana gu buidhnean poblach neo-roinneil agus gu eagrachaidhean, àidseantan agus cunnradairean;*
- *a' sgaoileadh leth-bhric den phlana gu buidhnean Gàidhlig;*
- *a' sgaoileadh a' phlana gu buidhnean eile le ùidh; agus*
- *a' sgaoileadh leth-bhric tro iarrtasan.*

### *Modhan Rianachd air Buileachadh a' Phlana Ghàidhlig*

Tha am plana seo mar phoileasaidh Comhairle na h-Eaglaise Brice agus tha e air aontachadh leis an àrd-sgioba stiùiridh agus le buill na Comhairle.

#### *Dleastanas Iomlan:*

Bidh an t-uallach deireannach air a' Cheannard airson dèanamh cinnteach gum bi Comhairle na h-Eaglaise Brice a' liubhairt nan dealasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo.

### *Goireasachadh a' Phlana*

Bidh na dealasan air an liubhairt tro mhodhan-obrach àbhaisteach ionmhasail na Comhairle. A thuilleadh air an sin, bidh a' Chomhairle gu gnìomhach a' sireadh chothroman maoinachaidh bhon taobh a-muigh.

## **Monitoring the Implementation of the Plan**

A monitoring group will be established, with representatives from a range of services within Falkirk Council, including Corporate Services, Human Resources, Communications, Children's Services. The group, which will meet on a quarterly basis, will be led by Nigel Fletcher, senior officer with operational responsibility for overseeing preparation, delivery and monitoring of Falkirk Council's Gaelic Language Plan. Monitoring will be reported on an annual basis to Falkirk Council.

A copy of the report will be sent to Bòrd na Gàidhlig.

Third parties working with the council will be expected to adhere to the principles of the plan in carrying out their duties.

We will gather quantitative data to evidence:

■ **the number of staff attending professional learning opportunities via**

- the GLPS programme
- Sabhal Mor Ostaig partnership

■ **the number of children accessing**

- GME
- Gaelic learning via GLPS

■ **the number of people who attend:**

- An Clas Gàidhlig

We will gather qualitative data to evidence the experience of:

■ **children who access GME and Gaelic learning via GLPS**

■ **staff who participate in professional learning opportunities via**

- Sabhal Mor Ostaig partnership
- GLPS programme

We will gather feedback from local Gaelic organisations on:

■ **the awareness of Falkirk Council's Gaelic corporate identity**

■ **the accessibility of translated Falkirk Council policies**

## **Sgrùdadh air Buileachadh a' Phlana**

Bidh buidheann sgrùdaidh air a stèidheachadh, le riochdairean bho raon de sheirbheisean an taobh a-staigh Comhairle na h-Eaglaise Brice, a' gabhail a-steach Seirbheisean Corporra, Goireasan Daonna, Conaltraidhean, Seirbheisean Chloinne. Bidh a' bhuidheann, a bhios a' coinneachadh gach ràithe, air a stiùireadh le Nigel Mac an Fhlèisdear, àrd-oifigear le uallach obrachail airson sùil a chumail air ullachadh, liubhairt agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice. Bidh an sgrùdadh air aithris gach bliadhna gu Comhairle na h-Eaglaise Brice.

Bidh lethbhreac den aithisg air a cur gu Bòrd na Gàidhlig.

Bithear a' dùileachadh do threas phàrtaidhean ag obair leis a' chomhairle, cumail ri prionnsapalan a' phlana ann an coileanadh an dleastanasan.

Bidh sinn a' tional dàta àireamhachail mar fhianais don:

■ **àireamh de luchd-obrach a' frithealadh cothroman ionnsachaidh proifeiseanta tro**

- prògram GLPS
- com-pàirteachas an t-Sabhail

■ **àireamh chloinne ag inntreigeadh**

- FTG
- ag ionnsachadh Gàidhlig tro GLPS

■ **àireamh de dhaoine a' frithealadh:**

- an Clas Gàidhlig

Bidh sinn a' tional dàta àireamhachail mar fhianais air eòlas:

■ **clann a tha ag inntreigeadh FTG agus ionnsachadh na Gàidhlig tro GLPS**

■ **luchd-obrach a tha a' com-pàirteachadh ann an cothroman ionnsachaidh proifeiseanta tro:**

- com-pàirteachas an t-Sabhail
- prògram GLPS

Bidh sinn a' tional fiosrachadh air ais bho bhuidhnean Gàidhlig a thaobh:

■ **mothachadh do ionnanachd chorporra Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice**

■ **cothrom air poileasaidhean eadar-theangaichte Comhairle na h-Eaglaise Brice**



### **Contact details**

The senior officer with operational responsibility for overseeing preparation, delivery and monitoring of Falkirk Council's Gaelic Language Plan is:

Anne Pearson  
Children's Services  
Falkirk Council  
Sealock House  
2 Inchyra Road  
Grangemouth FK3 9XB  
Stirlingshire  
  
01324 506686  
anne.pearson@falkirk.gov.uk

Queries about the day-to-day operation of the plan should be addressed to:

Gayle Martin  
Children's Services  
Falkirk Council  
Camelon Education centre  
Abercrombie Street  
Camelon FK1 4HA  
Stirlingshire  
  
01324 501966  
gayle.martin@falkirk.gov.uk

### **Fiosrachadh taic**

Is e an t-àrd-oifigear le uallach obrachail airson ullachadh, liubhairt agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice :

Anne Pearson  
Seirbheisean Chloinne  
Comhairle na h-Eaglaise Brice  
Taigh Sealock  
2 Rathad Innis na Tràghad  
Inbhir Ghrainnse FK3 9XB  
Siorrachd Shruighle  
  
01324 506686  
anne.pearson@falkirk.gov.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' phlana a chur gu:

Gayle Màrtainn  
Seirbheisean Chloinne  
Comhairle na h-Eaglaise Brice  
Ionad Foghlaim Chamlain  
Sràid Obar Chrombaidh  
Camlan FK1 4HA  
Siorrachd Shruighle  
  
01324 501966  
gayle.martin@falkirk.gov.uk

gaelic  
gáidhlig  
plan  
plana





**Falkirk Council**  
**Comhairle na h-Eaglaise Brice**